

## Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean Deloitte, Dùn Èideann

Diardaoin 18/5/17, 1000-1500

### Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Daibhidh Brew (*sa Chathair*)  
Màiri Kidd

Donaidh MacAmhlaidh

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*)  
Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd & Co-bhanntachd*)  
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

An làthair (airson puingeon 13-15): Jim Boyle (*Luchd-sgrùdaidh, Deloitte*)  
Gary Stuart (*Luchd-sgrùdaidh, Deloitte*)

Chaidh coinneamh a chumail bho 1100-1200 le Cathraiche na Comataidh, Stiùiriche Ionmhais MG ALBA agus riochdairean Deloitte gus Plana an luchd-sgrùdaidh 2016/17 a dheasbad.

## Gnothaichean gnàthach

### **1 Leisgeulan**

Dùghall MacAmhlaigh.

### **2 Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

### **3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 9/2/17**

Aontaichte.

### **4 Gnothaichean ag èirigh**

Bidh luchd-solar ùr a' riochdachadh spòrs bhon t-luchar. Tha còmhraidhean a' dol eadar iad agus an luchd-solar an-dràsta a thaobh gabhail a-null luchd-obrach. 'S e gnothach laghail

TUPE (Transfer of Undertakings Protection of Employment) a bha seo eadar an dà bhuidheann gus rèiteachadh.

An dèidh an rannsachadh a chaidh a dhèanamh agus an comhairle laghail a chaidh fhaotainn, chaidh aontachadh Aithris Poileasaidh a sgrìobhadh gus suidheachadh na buidhne a dhèanamh soilleir mu TUPE nuair a bhiodh luchd-solar ag atharrachadh, le sùil dha thoirt air cunnartan ionmhasail, laghail, moralta agus cliù na buidhne. Thèid tionndadh a chuir air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh. (Gnìomh: NMG)

Chaidh aontachadh paipear a chuirteachadh air a' Chomataidh le ceanglaichean gu poileasaidhean na buidhne. (Gnìomh: MAMI)

PACT – chaidh aontachadh gum bu chòir deasbad a bhith ann, stèidhichte air pàipear, a' sealltainn argamaidean airson an dà chuid aonta a bhith ann agus gun aonta a bhith ann le PACT, le mìneachadh air buaidh an dà shuidheachadh sin. Cha bu chòir am pàipear a bhith a' cur an aghaidh roghainn sam bith ach faodaidh molaidhean a bhith ann. Thig seo air beulaibh na Comataidh sa Ghearran 2018 (Gnìomh: IMT)

Chaidh còmhradh a chumail mu na buannachdan a bhith a' cruthachadh Comataidh Ainmeachaidh gus cuideachadh le planadh iar-theachdail (succession planning). Chaidh aontachadh còmhradh a chumail le Ofcom gus meatrags air sgilean Bùird a chruthachadh gus cuideachadh le bhith a' cur an dreuchd buill ùra. Chaidh a chomharrachadh gu robh teirm cuid a bhuill a' tighinn gu deireadh aig an aon àm agus gu bheil e cudromach gu bheil seo air a dhèanamh mus bi Ofcom ann an suidheachadh a bhith a' sanasachadh airson buill. Chaidh iarraidh air an t-Àrd-Oifigear bruidhinn ris a' Chathraiche le amas gum bi pàipear air beulaibh a' Bhùird san t-Sultain. (Gnìomh: DC)

## **5 Measadh Chunnartan**

Aig coinneamh den Chomataidh air 9/2/17 chaidh aontachadh gun toireadh an Sgioba Àrd-stiùiridh, fa leth, iomradh air na cunnartan roinne aca. Bha pàipear agus clàr nan cunnartan air beulaibh bhall agus thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh air cunnartan co-cheangailte ri susbaint agus co-bhanntachd na seanail. Chaidh deasbad a chumail agus an dèidh aontachadh cuid de na cunnartan atharrachadh (Gnìomh: NMG) bha

buill riarachtaiche agus chaidh taing a thoirt don Stiùiriche. Aig an ath choinneamh, thèid iomradh a thoirt air cunnartan an roinne obrachaidh leis an Stiùiriche Obrachaidh.

Chaidh a chomharrachadh gu robh Ofcom fhathast a' beachdachadh air Plana Obrachaidh 2017/18.

## **6 Aonta na Co-bhanntachd**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Ri linn atharrachaidhean ann an riaghladh a' BhBC, ann am maoinachadh pasgain agus ann an gnothaichean obrachaidh, chaidh aontachadh gu robh e iomchaidh Aonta na Co-bhanntachd ùrachadh. Chaidh aontachadh gun deigheadh togail air na 'Key Principles' sa phàipear, agus amasan agus toraidhean ro-innleachdail a dheasachadh. (Gnìomh: NMG)

## **7 Aithisg bhliadhnail HR**

Bha aithisg air beulaibh bhall. Thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air agus bha buill riarachtaiche.

## **8 Poileasaidh Solarachaidh – ùrachadh**

Bha pàipear air beulaibh bhall. Chaidh deasbad a chumail agus, an dèidh moladh no dhà, chaidh am Poileasaidh aontachadh. (Gnìomh: NMG)

## **9 Poileasaidh Cairtean Creideis**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Ged a bha am pàipear feumail, chaidh aontachadh gu robh feum air an tuilleadh obrach. Thèid tionndadh ùr a chuir air beulaibh a' Chomataidh aig an ath choinneamh. (Gnìomh: NMG)

## **10 Sgrùdadh In-thaigh 2017/18 – Manaidseadh Chunnartan**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gu nochdadh an Cuireadh gu Tagradh air làrach-lìn na buidhne agus air làrach-lìn Procurement Scotland agus thèid fios a chumail ris a' Chomataidh. (Gnìomh: NMG)

## **11 Aithisg Bhliadhnail na Comataidh 2016/17, Clàr-obrach na Comataidh 2017/18 & Fèin-mheasadh na Comataidh**

Bha aithisg air beulaibh bhall mu obair na Comataidh ann an 2016-17. A thaobh Aithisg Bhliadhnail MG ALBA airson 2016/17 agus uallach na Comataidh seo aontachadh, bha

molaidhean aig buill a' Chomataidh ann an susbaint Teachdaireachd a' Chathraiche agus Lèirmheas an Àrd-Oifigeir. Chaidh aontachadh na molaidhean seo a chuir an sàs agus a chuariteachadh air buill. (Gnìomh: MAMI)

Bha dreach clàr-obrach na Comataidh airson 2017-18 air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. An dèidh molaidhean, dheigheadh na h-aithisgean a chur air adhart chun Bhùird airson aonta. (Gnìomh: DB/MAMI)

## **12 Pàipearan fiosrachaidh**

Chaidh iad seo an comharrachadh.

## **13 Cunntasan bliadhnail**

Bha dreachd de na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna gu 31 Màrt 2017 air beulaibh bhall. Thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra agus chaidh deasbad a chumail. Cho-dhùin a' Chomataidh am moladh chun Bhùird.

## **14 Aithisg an luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh**

Bha aithisg air beulaibh bhall a' daingneachadh gum biodh an luchd-sgrùdaidh a' toirt seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dh'fheum air na Cunntasan Reachdail. Chaidh mìneachadh a dhèanamh agus chaidh deasbad a chumail. An dèidh moladh no dhà a thoirt seachad, chaidh innse gu robh an luchd-sgrùdaidh den bheachd gu robh siostaman agus cunntasan na buidhne iomchaidh agus gu robh iad gan cuir air adhart chun Bhùird mar a bha iad.

Chaidh taing a thoirt leis an luchd-sgrùdaidh don Sgioba Ionmhais airson conaltradh fosgailte agus soilleir. Agus chaidh taing a bhuileachadh air sgioba an luchd-sgrùdaidh bho oifigearan agus buill na buidhne.

## **15 Aithisg Bhliadhnail 2016/17**

Bha a' chiad dreach de earrannan na h-Aithisg Bhliadhnail air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Bha molaidhean aig an luchd-sgrùdaidh agus aig buill a thaobh stoidhle agus teacsa. Dheigheadh ath-sgrìobhadh a dhèanamh air pìosan iomchaidh mus deigheadh e air adhart chun Bhùird airson aonta. (Gnìomh: MAMI)

Chaidh taing a thoirt don luchd-sgrùdaidh airson a bhith an làthair.

**16 Cur an dreuchd luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh**

Thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air a' chuspair seo agus chaidh deasbad a chumail.

Mhol a' Chomataidh gun deigheadh Deloitte an ath chuir an sàs airson bliadhna eile agus gum bi pròiseas solarachaidh ann as t-Fhoghar 2018. Mhol a' Comataidh cuideachd gun toireadh am Bòrd uallach tiomnaichte dhaibh airson luchd-sgrùdaidh a chuir an sàs. Thèid seo air plana-obrachaidh na Comataidh airson 2018. (Gnìomh: NMG). Thèid seo air adhart chun bhùird airson aonta.

**Deit na h-ath choinneimh – 24/8/17, Glaschu**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*